



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR SAMPAILL

**EP14/AH/01**

**Gàidhlig  
Sgrùdadh**

**Gàidhlig  
Practical Criticism**

Latha — Gun bhuinteanas  
Date — Not applicable  
Ùine — 1 uair agus 30 mionaid  
Duration — 1 hour and 30 minutes

**Comharran gu lèir — 30**

**SGRÙDADH — 30 comharra**

Leugh na h-earrainn agus feuch air na ceistean AIR FAD.

Nuair a dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean anns an leabhran freagairt.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**. Feumaidh tu duilleag ùr a chleachdadh airson gach roinn.

Mus fàg thu rùm nan deuchainn feumaidh tu gach leabhran a thoirt don Neach-faire. Mura dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.



\* E P 1 4 A H 0 1 \*

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

Neart na gaoithe

Tha mi a’ tuigsinn carson a bhios mòran a’ dèanamh toileachas às an naidheachd nach eil an sgeama mòr muilnean-gaoithe a bha san amharc a’ dol air adhart aig muir far cost an iar na Gàidhealtachd, ach tuigidh mi cuideachd an tàmailt nach bi cosnaidhean luachmhor a’ tighinn dhan sgìre.

5 Ged a tha mi air moladh a dhèanamh iomadach uair air na buannachdan a dh’fhaodas cumhachd ath-nuadhachail a bhuileachadh aircoimhearsnachdan, gu h-àraid air an iomall, tha mi cuideachd a’ faicinn carson a bhiodh cuid glè dhraghail mun bhuidh a th’ aig tuathan-gaoithe air eireachdas na dùthcha.

10 Tha maise na Gàidhealtachd agus nan eilean air a bhith a’ tàladh luchd-turais fad linntean. Tha an gnìomhachas turasachd air fàs chun na h-ìre agus chun an luach aig a bheil e san latha an-diugh agus dh’fheumte a bhith gu math faiceallach nach dèante dad a mhilleadh air an teachd-an-tìr phrìseil sin.

15 Gun teagamh ’s e dùbhlann mòr a th’ ann cothromachadh a dhèanamh eadar feumalachdan mac an duine agus àrainneachd luachmhor an t-saoghail anns a bheil sinn beò. Agus nuair a bheir sgilean agus tàlant an piseach air ar cofhurtachd is dòigh-beatha, chan fhada gus am bi sannt airgid a’ toirt buaidh, agus tha rudan mar cùram àrainneachd a’ dol an dàrna taobh.

20 Thug cumhachd dealain atharrachadh do-chreidsinneach air ar beatha agus ’s ann nuair a chailleas sinn e ri linn droch shìde no a leithid sin a thuigeas sinn cho mòr ’s a tha sinn na eisimeil! Do chuid againn bidh cuimhne air mar a bha cùisean mun d’ fhuair sinn dealan. Ged a dh’fhaodar sealltainn air ais le beagan cianalais air solas an t-seann lampa Tilley is blàths teine-mònadh, cha bhi guth ’s dòcha air luach a liuthad inneal-dealain eile a tha sinn a-nise a’ cleachdadh gun smaointinn gach latha.

25 Le cead dealbhachaidh a-nise aig còrr air còig ceud crann-gaoithe is iad a’ coiseachd mar fhuamhairean ghrànda thar mhonaidhean a’ Ghlinne Mhòir, chan eil e idir a’ cur iongnadh sam bith ormsa gu bheil iomairt agus strì ùr air tòiseachadh gus feuchainn ri stad a chur air a’ chòrr. Fòghnaidh na dh’fhòghnas.

Glè thric ’s e càirdeas an-shocair a tha eadar leasachadh eaconamach agus luchd-dìon na h-àrainneachd, ach le faiceall agus conaltradh tha cothromachadh agus aonta ga ruigheachd anns a’ mhòr chuid de shuidheachaidhean.

30 ’S e mo bheachd fhìn gum biodh mòran na bu lugha de strì ann nam biodh ùghdarrasan dealbhachaidh a’ comharrachadh nan làrach anns am biodh iad deònach leithid tuathan-gaoithe a cheadachadh, agus anns an dòigh sin a’ dearbhadh nan sgìrean a bhiodh air an gleidheadh mar a tha iad. Bhiodh sin a’ ciallachadh gun gabhadh deasbadan agus conaltradh a dhèanamh fada ro-làimh a thaobh sgìrean leasachaidh agus chaomhnadh an cleas-obrach seo mòran cosgais. Mar  
35 a tha cùisean an-dràsta, chan eil làrach sam bith “sàbhailte” agus chan eil fios aig coimhearsnachdan cuin a dh’fhaodadh iomairt ùr nochdadh gus tuath-gaoithe a stèidheachadh anns an nàbachd aca.

40 Tha feum againn air dealan gun teagamh agus faodaidh coimhearsnachdan iomallach brath a ghabhail air na cothroman luachmhor ceangailte ri cumhachd ath-nuadhachail ach nuair a tha àireamh agus aire nam muilnean a’ sìor fhàs, tha mi a’ tighinn gu co-dhùnadh gum feum barrachd smachd a ghabhail air a’ ghnìomhachas ùr seo. Saoilidh mi gu bheil an t-àm aig an riaghaltas agus aig luchd-dealbhachaidh na dùthcha co-dhùnadh soilleir a dhèanamh air an àireamh de thuathan-gaoithe a tha gu bhith ceadaichte.

45 Tha sinne a’ pàigheadh gu math daor airson taic a chur ri cumhachd “uaine” ath-nuadhachail agus ’s e sin a tha ga fhàgail cho tarraingeach dha buidhnean mòra ach cha bu chòir miann an airgid daoine a mhealladh.

Stèidhichte air artaigil le Ailean Caimbeul ann an Tìm an Òbain

## Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

## CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. A' coimhead air loidhnichean 1 gu 8, mìnich an dà dhiofar bheachd a tha an sgrìobhadair a' faicinn a thaobh thuathan-gaoithe agus an leithid ann an coimhearsnachdan. Cleachd d' fhaclan fhèin. 2
  
2. Nad fhaclan fhèin, mìnich diofar earrainn na h-argamaid ceangailte ri tuathan-gaoithe agus iomairtean coltach riutha, a rèir loidhnichean 13 gu 16. 3
  
3. Dè as adhbhar gu bheil iomradh mu na seann làithean agus mìnich dè cho èifeachdach 's a tha seo aig a' phìos seo anns an artaigil. 2
  
4. Le bhith a' coimhead air loidhnichean 23 gu 37, seall mar a tha ìomhaigheachd agus taghadh-facail a' cur ri faireachdainnean an sgrìobhadair. 3
  
5. A' coimhead air loidhnichean 27 gu 34, mìnich nad fhaclan fhèin, dè am prìomh thrioblaid a tha an sgrìobhadair a' faicinn a thaobh far an tèid tuathan-gaoithe a shuidheachadh agus mar a ghabhadh seo fhuasgladh. 2
  
6. A' smaoinichadh mun artaigil air fad, beachdaich air dè cho cothromach 's a tha an sgrìobhadair ann a bhith a' dèiligeadh ris a' chuspair. Dh'fhaodadh tu bualadh air tònna, structar agus brìgh. 3

## Teacsa 2 — Ficsean: Bàrdachd

## An Taigh Beag

- An seo mar bu dual dhuinn,  
 taigh beag air na creagan,  
 ged as e panaichean plastaig bòidheach  
 tha 'n àite nam pigeachan\* 's nan sligean;
- 5 Monadh Ròdhag air ar cùlaibh,  
 far an iomadh uair a leighiseadh  
 greadanadh mo spiorad;  
 taighean Chornal is ceò ast'  
 geal, sios mu mo choinneamh,
- 10 ach tha 'm beagan chloinne a th' annta  
 gun ach Beurla ac' ga bruidhinn,  
 is cho fìor bheag dhi dha-rìribh  
 aig aon dhen dubh-sheanair;  
 'n ann a' greimeachadh ler meòirean
- 15 tha sinn air creagan tìm  
 sa cheart mhionaid?

- Ach stad, cò tha seo 's e gluasad  
 suas chun na creige?  
 Dòmhnall Peigi le chù ann
- 20 's e tighinn air chèilidh  
 an-diugh oirnn.  
 Shin thu, sgioblaich an fhàrdaich,  
 cur fàd air an teine —  
 san taigh seo co-dhiù
- 25 bidh ar còmhradh mar bu mhinig.

Catriona NicGumaraid (*An Aghaidh na Sìorraidheachd*)

\* pigeachan — pìosan de sheann phoitean crèadh leis am biodh clann a' cluiche uaireigin

## Teasca 2 — Ficsean: Bàrdachd

## CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

- |     |  |   |
|-----|--|---|
| 7.  | Dè, nad bheachd, a tha am bàrd a' feuchainn ri sealltainn anns a' chiad dà loidhne, mu ise agus a dachaigh?  | 1 |
| 8.  | Mìnich na tha am bàrd a' feuchainn ri sealltainn dhan leughadair mu a beatha òg ann an loidhnichean 3 gu 9. Cleachd fianais às an dàn nad fhreagairt.            | 3 |
| 9.  | Mìnich mar a tha am bàrd a' faireachdainn ann an loidhnichean 10 gu 13 agus seall mar a tha seo air a dhèanamh follaiseach.                                      | 3 |
| 10. | Seall mar a tha am bàrd a' cleachdadh ìomhaigheachd agus taghadh-facail ann an loidhnichean 14 gu 16.  | 2 |
| 11. | Tha an tònna agus faireachdainnean a' bhàird ag atharrachadh eadar a' chiad 's an dàrna rann. Seall mar a tha seo air a dhèanamh follaiseach.                    | 4 |
| 12. | Le bhith a' dèanamh iomradh air an dàn, mìnich an teachdaireachd a dh'fhaodadh a bhith aig a' bhàrd agus dèan soilleir mar a bha buaidh aice ort mar leughadair. | 2 |

## [CRÌOCH A' PHÀIPEIR SAMPAILL]

*Acknowledgement of Copyright*

Teasca 1, Neo-fichsean: Rosg

Article is adapted from Beachd Ailein weekly column by Allan Campbell in The Oban Times. Reproduced by kind permission of The Oban Times.

Teasca 2, Ficsean: Bàrdachd

Poem is taken from Page 154 of An Aghaidh na Siorraidheachd by Catriona Montgomery. ISBN 0748660917. Published by Polygon. Reproduced by permission of Polygon, an imprint of Birlinn Ltd ([www.birlinn.co.uk](http://www.birlinn.co.uk)).



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR SAMPAILL

EP14/AH/01

Gàidhlig  
Sgrùdadh

Gàidhlig  
Practical Criticism

## Marking Instructions

---

These Marking Instructions have been provided to show how SQA would mark this Exemplar Question Paper.

The information in this publication may be reproduced to support SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is to be used for any other purpose, written permission must be obtained from SQA's Marketing team on [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).

Where the publication includes materials from sources other than SQA (ie secondary copyright), this material should only be reproduced for the purposes of examination or assessment. If it needs to be reproduced for any other purpose it is the user's responsibility to obtain the necessary copyright clearance.

## General Marking Principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this Paper. These principles must be read in conjunction with the Detailed Marking Instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must always be assigned in line with these General Marking Principles and the Detailed Marking Instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (d) Other answers can be accepted than those in the Marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term “No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh” to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (e)
  - i) For questions that ask candidates to “**Mìnich . . .**” or ask “**ciamar . . .**”, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - ii) For questions that ask candidates to “**Seall mar a tha . . .**”, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - iii) For questions that ask candidates “**Carson, nad bheachd . . .**”, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

## Stiùiridhean Comharrachaidh

### Sgrùdadh — Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

| Ceist |  | Freagairt a thathar a' sùileachadh   | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|------------------|------------------------|
| 1     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha deagh rudan rim faighinn à cumhachd uaine a bhios feumail do choimhearsnachdan — (na buannachdan a dh'fhaodas cumhachd ath-nuadhachail a bhuileachadh air coimhearsnachdan).</li> <li>Tha feum air mothachadh mun bhuidh a bhios aig na cumhachdan uaine seo air an àrainneachd nàdarrach — (buidh air eireachdas na dùthcha).</li> </ul>   | 2                |                        |
| 2     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>Feumar a bhith mothachail ann an dòigh reusanta de na diofar rudan a bhios a' toirt buaidh air argamaidean a thaobh a' chuspair mar eisimpleir eadar na tha daoine ag iarraidh — (cothromachadh a dhèanamh eadar feumalachdan mac an duine).</li> <li>Agus mar a ghabhas an àrainneachd nàdarrach a tha timcheall air daoine a chleachdadh — (agus àrainneachd luachmhor an t-saoghail air a bheil sinn beò).</li> <li>Aig a' cheart àm feumar a bhith mothachail nach bi an àrainneachd prìseil seo air a mhilleadh agus nach bi airgead a' faighinn prìomhachas san argamaid — (sannt airgid a' toirt buaidh, agus rudan mar cùram àrainneachd a' dol an dàrna taobh).</li> </ul> | 3                |                        |



| Ceist |  | Freagairt a thathar a' sùileachadh   | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd  |
|-------|--|--|------------------|---|
| 3     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha an sgrìobhadair a' feuchainn ri sealltainn cò ris a bha e coltach dha fhèin agus daoine coltach ris le sealladh pearsanta air beatha san àm sin gus daingneachadh cho feumail/riatanach 's a tha dealan san latha an-diugh.</li> <li>Tha seo èifeachdach oir tha an cuspair aige gu ìre connspaideach agus air connspaid gu leòr adhbharachadh ann an coimhearsnachdan agus am measg dhaoine, mar sin tha e airson gu ìre, taic a thoirt dha na tha e ag ràdh – chan eil e an aghaidh nan tuathan-gaoithe agus an dealan a tha iad a' cruthachadh.</li> </ul> | 2                |   |
| 4     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>“còig ceud crann-gaoithe is iad a' coiseachd mar fhuamhairean ghrànda thar mhonaidhean a' Ghlinne Mhòir,” – pearsanachadh de na muilnean-gaoithe fhèin mar rudeigin beò a' daingneachadh gu ìre mar a tha iad a' gabhail an fhearainn thairis.</li> <li>“chan eil e idir a' cur iongnadh sam bith ormsa” – abairt a tha a' sealltainn gu bheil e gu math làidir na bheachd.</li> <li>“Fòghnaidh na dh'fhòghnas.” – seantans ghoirid, chruaidh a shealltainn a bheachd làidir gu h-èifeachdach.</li> </ul>   | 3                | <p>Aon chomharra an urra airson trì de na freagairtean seo.</p> <p>Thathar an dùil gum bi oileanaich a' cleachdadh eisimpleirean agus/no a' toirt fianais airson nam puingeana aca.</p> |

| Ceist | Freagairt a thathar a' sùileachadh  | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd  |
|-------|---|------------------|---|
|       | <ul style="list-style-type: none"> <li>• “strì” – facal a tha a’ sealltainn gu bheil trioblaid nan cois.</li> <li>• “càirdeas an-shocair” – ìomhaigheachd a tha a’ sealltainn nach eil an ceangal idir ceart agus rèidh.</li> <li>• “sàbhailte” – tha na cromagan turrach timcheall an fhacail a’ sealltainn nach eil e a’ creidsinn gu bheil iad dha-rìreabh sàbhailte.</li> </ul>   |                  | <p>Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile cho fad ’s a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’ sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a’ toirt eisimpleir agus a’ sealltainn mar a tha e a’ toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo.</p> |
| 5     | <ul style="list-style-type: none"> <li>• Gu bheil connspaid eadar airgead agus mar a thèid prothaid a dhèanamh agus am feum airson na h-àrainneachd a chumail sàbhailte – tha na dà dhiubh ceangailte ach chan eil iad ag obair gu math/cofhurtail còmhla – (càirdeas an-shocair a tha eadar leasachadh eaconamach agus luchd-dìon na h-àrainneachd).</li> <li>• Nan robh plana air a dhèanamh agus air a chur fa chomhair dhaoine mu far am bi tuathan-gaoithe agus an leithid ro làimh, bhiodh dòighean ann gus trioblaidean ’s dòcha a lùghdachadh agus/no a sheachnadh – (nam biodh ùghdarrasan dealbhachaidh a’ comharrachadh nan làrach anns am biodh iad deònach leithid tuathan-gaoithe a cheadachadh / gun gabhadh deasbadan agus conaltradh a dhèanamh fada ro-làimh).</li> </ul> | 2                |   |

| Ceist | Freagairt a thathar a' sùileachadh  | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd  |
|-------|---|------------------|---|
| 6     | <p>Dh'fhaodadh oileanaich argamaid a dhèanamh gu bheil e no nach eil e cothromach.</p> <p>Eisimpleirean de phuingeana a ghabhadh a thogail le mìneachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cothromachadh ann an seantansan/paragrafan me “Glè thrìc 's e càirdeas an-shocair a tha eadar leasachadh eaconamach agus luchd-dìon na h-àrainneachd, ach le faiceall agus conaltradh” far a bheil e a' feuchainn ri gach taobh den argamaid a shealltainn.</li> <li>• Tha an deireadh fosgailte a' toirt an dà thaobh den chuspair – am feum air dealan à dòighean ath-nuadhachail agus cuideachd gum feum an riaghaltas agus luchd-dealbhachaidh barrachd stiùiridh.</li> <li>• Tha an tònna aige gu math rèidh agus cothromach me anns an dàrna paragraf far a bheil e a' sealltainn gu bheil a bheachd air atharrachadh/gu bheil e a' tuigsinn taobh eile na h-argamaid me “Ged a tha mi air moladh a dhèanamh iomadach uair air na buannachdan a dh'fhaodas cumhachd ath-nuadhachail a bhuileachadh air coimhearsnachdan, gu h-àraid air an iomall, tha mi cuideachd a' tuigsinn”.</li> </ul> | 3                | <p>Thathar an dùil gum bi oileanaich a' cleachdadh eisimpleirean agus/no a' toirt fianais airson nam puingeana aca.</p> <p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist. Tha còir aig oileanaich a bhith a' toirt eisimpleir agus a' sealltainn mar a tha e a' toirt taic don phuing aca. Tha stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.</p> |

| Ceist | Freagairt a thathar a' sùileachadh  | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|---|------------------|------------------------|
|       | <ul style="list-style-type: none"> <li>• Chan eil e cho cothromach aig an deireadh far a bheil am paragraf mu dheireadh ag innse dè bu chòir tachairt agus cuideachd tha sinn a' faicinn mar a tha am beachd aige air atharrachadh, rud a tha e ag ràdh anns an dara paragraf bhon deireadh far a bheil e ag ath-aithris nam puingean a thog e anns an artaigil ach an uair sin a' sealltainn gu feumar coimhead air taobh eile.</li> <li>• Tha e buailteach a bhith a' toirt a bheachd fhèin le bhith a' cleachdadh abairtean mar "'S e mo bheachd".</li> <li>• Chan eil e a' cleachdadh fianais bho luchd-dealbhachaidh no riaghaltas, rud a tha aig cridhe an rud a tha e ag iarraidh mar fhuasgladh.</li> </ul> |                  |                        |

Sgrùdadh – Teacs 2 – Ficsean: Bàrdachd

| Ceist |  | Freagairt a thathar a’ sùileachadh   | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd  |
|-------|--|--|------------------|---|
| 7     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha ise air tilleadh dhachaigh / tha an taigh aice/an teaghlach fhathast ann – chan eil atharrachadh ann a thaobh sin / sealladh de bheatha a’ dol air adhart gun atharrachadh a thaobh cò às a tha i / dachaigh fhathast ann – ceangailte ri creig / chan eil adhbhar ann gum biodh e diofaraichte “mar bu dual dhuinn”.</li> </ul>  | 1                | <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Aon chomharra an urra airson aon de na freagairtean seo.</p>  |
| 8     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha am facal “ged” a’ sealltainn gu bheil atharrachadh air choreigin air a bhith ann.</li> <li>tha na “panaichean plastaig bòidheach” a’ riochdachadh nan dèideagan a tha aig clann an latha an-diugh, spaideil agus “ùr” nan dòigh.</li> <li>tha na pigeachan ’s na sligean a’ riochdachadh nan seann rudan a bha aca nuair a bha iad òg ach cuideachd a’ riochdachadh aois eile agus àm eile a tha seachad agus cuideachd a’ daingneachadh gu bheil rudan air atharrachadh dìreach mar am baile agus beatha.</li> <li>iomradh air ainmean àite a’ sealltainn an dlùth-cheangal ris an àite agus na cuimhneachain a tha aice mu bheatha òg – “Monadh Ròdhag” agus “taighean Chornal”.</li> </ul> | 3                | <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Dh’fhaodadh freagairt ceart sìmplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air ’s dòcha suas gu 3 comharraidhean.</p> |

| Ceist |  | Freagairt a thathar a' sùileachadh  | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd   |
|-------|--|---|------------------|--|
| 9     |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an t-àite air atharrachadh – chan eil mòran chloinne ann a' sealltainn gu bheil an dòchas airson àm ri teachd air falbh.</li> <li>• tha an àireamh beag a tha ann uile a' bruidhinn Beurla seach Gàidhlig mar a tha i ag ràdh ann an loidhne 11 a tha a' sealltainn staid na Gàidhlig rud nach eil i toilichte mu dheidhinn.</li> <li>• cuideachd ag ràdh nach robh mòran Beurla aig seanairean a tha a' sealltainn mar a tha a' Ghàidhlig air crìonadh thairis air glè bheag de bhliadhnaichean no mar a tha am baile air atharrachadh air sgàth daoine a' falbh no a' gluasad a-steach.</li> </ul> | 3                | <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Dh'fhaodadh freagairt ceart sìmplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air 's dòcha suas gu 3 comharraidhean.</p> <p>Aon chomharra an urra airson trì de na freagairtean seo.</p>  |
| 10    |  | <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha “creagan tìm” a' riochdachadh na Gàidhlig/dualchas/eachdraidh rud a tha daingeann agus air a thighinn tro àm a tha fada.</li> <li>• tha “greimeachadh ler meòirean” a' sealltainn gu bheil èiginn air choreigin ann, a' feuchainn ri rud a chumail sàbhailte, a' feuchainn ri rud nach eil furasta fhaighinn a chumail.</li> <li>• tha am bàrd ga chur mar cheist air an leughadair no/agus oirre fhèin, tha i a' faicinn gu bheil a' Ghàidhlig ann an droch staid no co-dhiù ann an suidheachadh cugallach.</li> </ul>  | 2                | <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.</p> <p>Dh'fhaodadh freagairt ceart sìmplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air 's dòcha 2 chomharra.</p> |

| Ceist | Freagairt a thathar a' sùileachadh  | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd   |
|-------|---|------------------|--|
| 11    | <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha am facal “ach” a’ sealltainn gu bheil atharrachadh air tighinn oirre / tha a’ cheist mar gu bheil i a’ smaoineachadh, dha-rìreabh a’ feuchainn ri obrachadh a-mach cò th’ ann.</li> <li>• tha ainm air a chleachdadh – cuideigin beò anns a’ bhaile far an robh am baile air a mhìneachadh anns a’ chiad rann mar rudeigin anns nach robh mòran beatha.</li> <li>• “Dòmhnall Peigi” – sloinneadh Gàidhealach a’ riochdachadh Gàidhlig/dualchas anns a’ choimhearsnachd.</li> <li>• faclan air an cleachdadh a tha “aotrom” no a’ sealltainn toileachas – “ceilidh” agus cuideachd “cur fàd air an teine”, teine a’ riochdachadh beatha agus fàilte air a chur air cuideigin a’ tighinn a chèilidh.</li> <li>• “an-diugh” air loidhne ghoirid – mar gur e iongnadh a th’ ann agus toileachas cuideachd air a shealltainn.</li> <li>• òrdughan air an cleachdadh – “sgioblaich” “cur” a’ sealltainn gu bheil aighearachd ann.</li> <li>• tha na faclan agus na loidhnichean fhèin goirid, sgiobalta taca ri cuid de na faclan agus loidhnichean anns a’ chiad rann.</li> </ul> | 4                | <p>Tha na comharraidhean an urra ris an taic/fianais a tha air a thoirt seachad.</p> <p>No freagairt sam bith eile a tha iomchaidh.</p> <p>Dh’fhaodadh freagairt ceart sìmplidh aon chomharra fhaighinn le freagairt a tha nas fharsainge, mionaideach le deagh fhianais agus mìneachadh a bhith airidh air ’s dòcha suas gu 3 comharraidhean.</p> |

| Ceist | Freagairt a thathar a' sùileachadh   | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd   |
|-------|--|------------------|--|
| 12    | <p>Teachdaireachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Feumaidh Gàidhlig a bhith air a cleachdadh ma tha i gu bhith beò san àm ri teachd / feumaidh sinn coimhead air staid na Gàidhlig gu luath ma tha sinn airson a sàbhaladh / tha saoghal na Gàidhlig air atharrachadh mar-thà agus tha e ro fhadalach.</li> </ul> <p>Eisimpleir buaidh ceangailte ris an dàn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an ìomhaigheachd agus an taghadh-facail a' sealltainn gu bheil na dèideagan fhèin air atharrachadh a bharrachd air a' bhaile fhèin gu math cumhachdail a' riochdachadh atharrachadh, rud a tha mi a' smaoinichadh a tha fìor gu ìre ach tha dòchas ann aig an deireadh leis gu bheil duine air a bheil i eòlach a' tighinn agus tha am bàrd ag ràdh gum bi Gàidhlig air a bruidhinn 'bidh ar còmhraidh mar bu mhinig'.</li> </ul> | 2                | <p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh oileanaich a bhith a' sealltainn a' bheachd aca air teachdaireachd a' bhàird agus a bhith a' toirt eisimpleirean de thaic bhon teacsa a tha a' dol le seo. Thèid comharraidhean a thoirt seachad a rèir mar a tha taic agus breithneachadh ag obair còmhla.</p> <p>Feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ri freagairtean iomchaidh eile.</p> <p>Tha eisimpleirean/stiùireadh air an làimh chli air na bhitheadh freagarrach mar fhreagairtean.</p> |

**[CRÌOCH NAN STIÙIRIDHEAN COMHARRACHAIDH]**